

Fiosrachadh mu phrògraman Na Nollaig 2014



Freeview 8 Virgin Media 188 Sky 143 Freesat 110 bbc.co.uk/iplayer

Disathairne 13 Dùblachd

Duaisean Na Trads MG ALBA 2014

Riochdaichte le Bees Nees Media
Disathairne 13 Dùblachd 9f

Na Trads - Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba, 2014 - a' tighinn beò à Inbhir Nis le tachartas sònraichte far am bi Cruinn, Shooglenifty agus Ceòl nam Feis am measg na bhios a' cluich air an oidhche. Air a lìbhrigeadh le Màiri Anna NicUalraig, Tony Kearney agus Linda NicLeòid.



Na Trads

Diluain 15 Dùblachd

Cuirm @ Celtic: Julie Fowlis & RANT

Riochdaichte le Bees Nees Media
Diluain 15 Dùblachd 10f

Cuirm-chìùil le Julie Fowlis cuide ri Éamonn Doorley, Donnchadh Siosalach agus Tony Byrne le aoighean ciùil sònraichte eile. Nam measg tha RANT - ceathrar fhìdhleir chliùteach a bhios a' toirt toileachas do dhuine sam bith san èisteachd.



Cuirm @ Celtic: Julie Fowlis & RANT

Diciadain 17 Dùblachd

Fuine na Nollaige

Riochdaichte le Caledonia TV
Diciadain 17 Dùblachd 9f

Tha Màiri NicRisnidh a' faighinn taic bho thriùir chòcairean is bhèiceirean ealanta gus cuirm aoibhneach, bhlasta a dheasachadh ann an taigh àlainn. 'S ann air Là na Nollaige, seach là sam bith eile, a tha sinn a' gabhail ar leòr de rudan matha. Dearbhaidh Màiri agus an sgioba gun tèid Là na Nollaige seachad gun àmhghair sam bith - fiù 's anns a' chidsin - ma nì thu deasachadh gu leòr ro-làimh.



Fuine na Nollaige

Diardaoin 18 Dùblachd

Big John: Sgeulachd John Hartson

Riochdaichte le Avanti Media
Diardaoin 18 Dùblachd 9f

Sgeul a' chluicheadair ball-coise John Hartson a' toirt iomradh air a bheatha còig bliadhna às déidh dha a bhith a' fulang le aillse.



Big John: Sgeulachd John Hartson

Disathairne 20 Dùblachd

Spòrs na Bliadhna 2014

Riochdaichte le BBC Gàidhlig
Disathairne 20 Dùblachd 7.30f

Calum Dòmhnullach leis an taghadh as fhèarr bho thachartasan Spòrs ann an 2014. Bithear a' coimhead air ais air Geamannan a' Cho-fhlaitheis, a ghabh àite ann an Glaschu, Geamannan a' Gheamhraidh a bh' ann an Sochi san Ruis aig toiseach na bliadhna, ball-coise, rugbaidh, camanachd agus gu leòr spòrs eile.

Mari Boine

Riochdaichte le NRK Sapmi
Disathairne 20 Dùblachd 9f

Cuirn-chìùil a' taisbeanadh an t-sàr sheinneadair Samais, Mari Boine le taic bho Orchestra Rèidio Nirribhidh.



Spòrs na Bliadhna 2014

Là na Sàbaid 21 Dùblachd

A' Bhliadhna

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Là na Sàbaid 21 Dùblachd 6.15f

Tha 2014 air a bhith air leth trang dha sgioba-naidheachd BBC ALBA. As t-Samhradh thàinig Geamaichean a' Cho Fhlaitheis a Ghlaschu agus san t-Sultain, bhòt muinntir na h-Alba san referendum air neo-eisimeileachd. Tha sinn a' coimhead air ais air cuid de na sgeulachdan ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta as inntinniche tron bhliadhna.



Trusadh: Alistair MacLeòid – Cuimhneachan

Riochdaichte le macTV

Là na Sàbaid 21 Dùblachd 7.40f

Cuimhneachan air Alistair MacLeòid - an sàr sgrìobhadair agus an sgeulaiche air an robh spèis mhòr na dhùthaich àrach, Canada, agus air ais san t-seann dùthaich cuideachd. Chaochail Alistair nas tràithe air a' bhliadhna agus tha grunn dhaoine a' toirt luaidh air an duine agus an sgrìobhadair aig an robh dlùth dhàimh ri a' fhreumhan Gàidhealach.



A' Bhliadhna

An Tiodhlac

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Là na Sàbaid 21 Dùblachd 8.10f

Dràma air a stèidheachadh air an sgeulachd ghoirid aig Alistair MacLeòid le Iain MacRath is Niall MacLleathain mar athair is a mhac diolain. Tha Aonghas a' tilleadh airson a mhac a th' air a bhith a' fuireach cuide ri sheanair 's a sheanmhair às dèidh bàs obann a mhàthar. Ach am fàg iad an t-eilean còmhla?



Trusadh: Alistair MacLeòid – Cuimhneachan

Diluain 22 Dùblachd

Trusadh: Geamaichean a' Cho-Fhlaitheis

Riochdaichte le macTV

Diluain 22 Dùblachd 9f

As t-Samhradh 2014 bha baile Ghlaschu aig cridhe Geamaichean a' Cho-fhlaitheis - an tachartas spòrs as mothà a-riamh an Alba. Fhuair mòran ann an Alba cothrom pàirt a ghabhail ann an dòighean eadar-dhealaichte agus lean sinne cuid de na laoich saor-thoileach, na farpaisich, an luchd-obrach agus luchd-giùlain a' bhatain, air turas a bha dha-rìribh gun choimeas.




Trusadh: Geamaichean a' Cho-Fhlaitheis

Soillse: Bàllaichean-canain Daonna

Riochdaichte le macTV

Diluain 22 Dùblachd 11f

Chan eil mòran cho dàna ris an fheadhainn a tha a' leigeil dha canan an losgadh mar bhàlla-canain. Agus dè a bheireadh orra rud cho cunnartach a dhèanamh? Tha am film seo gar toirt thar Ameireagaidh gus coinneachadh ri maighstirean nam bàllaichean-canain - Ermes Zamperla agus Elvin Bale. Tha an dithis aca air a dhol tro losgadh a chaidh gu math ceàrr. Tha am film a' coimhead air beatha annasach is iongantach nan daoine domhainn agus diomhair a tha a' gabhail pàirt san earrainn as cunnartaich dhen t-siorcas.



Soillse: Bàllaichean-canain

Dimàirt 23 Dùblachd

Brìgh a' Chiùil

Riochdaichte le Bees Nees Media

Dimàirt 23 Dùblachd 830f

Ghabh companaidh ealain às a' Phòlainn, Song of the Goat, ri dùblan sònraichte nuair a chuir iad air adhart taisbeanadh ùr le dusan seinneadar aig Fèis Dhùn Èideann. Fo stiùireadh ealanta Grzegorz Bral, chuir iad dreach mac-meanmnach air seinn ann an Gàidhlig, eadar a bhith mar obair còisir agus gnìomh téatar ag amas air faighinn air ais gu fior thùs an t-seinn Ghàidhlig. Tha am prògram seo a' toirt cunntas air Bral agus a dhòighean-obrach, le agallamhan bho sheinneadairean Gàidhlig, Anna Latharna Nic Illiosa is Màiri Nic a' Ghobhaínn agus an t-eòlaiche, Iain Purser. Leanaidh am prògram adhartas na companaidh bho rannsachadh is ionnsachadh cànan nach b' aithne dhaibh, gu ruith-thairis air an stuth ann am baile Wroclaw sa Phòlainn agus a' criochnachadh le taisbeanadh eireachdail ann an Cathair-eaglais Ghill aig lomall Fèis Dhùn Èideann ann an 2014. Bheir am prògram sùil cuideachd air a' cheangal a tha air a bhith aig Bral le Alba tro chaidreabh le Samye Ling, Teampall Buddach.



Brìgh a' Chiùil

Sàr-Sgeòil: Lewis Trilogy

Riochdaichte le Caledonia TV

Dimàirt 23 Dùblachd 9f

Tha Cathy NicDhòmhnaill a' siubhal nan làrach agus a' tachairt ri na daoine a għluais mac-meanmna Peter May gu trèi leabhrachean ainmeil a sgrìobhadh suidhichte anns na h-Eileanan Siar.



Sàr-Sgeòil: Lewis Trilogy

Cuirm @ Celtic: Stockton's Wing

Riochdaichte le Bees Nees Media

Dimàirt 23 Dùblachd 11f

Chuir Stockton's Wing dreach ùr air ceòl traidiseanta, agus bha buaidh làidir aca air an nòs sin anns na 80an agus na 90an. Bha na clàran aca a' reic gu math san Roinn Eòrpa agus ann an Ameireagaidh agus shoirbhich dhaibh aig èire eadar-nàiseanta. Bha an dreach ciùil folk-pop aca air a bhonntachadh air na h-òrain aig Mike Hanrahan. Thar còrr is fichead bliadhna tro chuaирtean is chlàran, thug an còmhlan buaidh air ginealach de luchd-ciùil Éireannach. Tha Mike Hanrahan a' tilleadh gu àrd-ùrlar Celtic Connections le dithis eile a stèidhich Stockton's Wing - Paul Roche agus Tommy Hayes - agus còmhla riutha tha am fidhleir, Dezi Donnelly agus Enda Scahill air banjo agus mandolin.



Cuirm @ Celtic: Stockton's Wing

An Oidhche ron Nollaig

An Oidhche ron Nollaig

Riochdaichte Sealladh TV

An Oidhche ron Nollaig 5f

Cuiridh An Oidhche ron Nollaig an cèill aoibhneas an ama seo tro aithris shònraichte, dealbhan mìneachail agus ceòl àlainn. Bidh Tony Kearney agus Linda NicLeòid am measg an luchd-aithris agus bidh ceòl ùr ann bho Julie Fowlis agus Éamonn Doorley.



An Oidhche ron Nollaig

Torcuil's Guide to Being a Gael – Pàirt 1

Riochdaichte le The Woven Thread

An Oidhche ron Nollaig 7.10f

Tha Torcuil MacLaomainn, (ris an do thachair sinn ann an Dà Là san Dàmhair), air faighinn sreath dha fhèin! Thar sia prògraman èibhinn bidh e a' faighneachd na ceist, cò ris a tha Gàidheal an latha an-diugh dha-rìribh coltach. Bidh Torcuil a' beachdachadh air roinnean cudromach de dhualchas na Gàidhlig: cànan, biadh, deoch, ceòl, aimsir agus èideadh, agus na dhòigh inntinneach fhèin a' taisbeanadh Gàidheal gun smal. Thugainn air slighe Ghàidhlig Thorcuil ma thà, le corra rionnag eile, spòrs gu leòr agus òran no dhà cuideachd!



Torcuil's Guide to Being a Gael

Cuirm Rà Celtic: The Great Gathering

Riochdaichte le Bees Nees Media

An Oidhche ron Nollaig 7.25f

Bidh an cluicheadair-bogsa cliùiteach, Alasdair MacCumhais agus an sàr fhìdhlear Sealainneach, Chris Stout, a' cur casan is cinn ann an sunnd le oidhche air leth de dh'òrain 's de cheòl. Chan ann gun adhbhar a chaidh an sgioba seo a chomharrachadh mar The Great Gathering, le measgachadh miurbhailteach de luchd-ciùil a' gabhail chun àrd-ùrlair sa Fruitmarket airson oidhche chumhachdach de cheòl dùthchais is ceòl cèilidh.



Cuirm Rà Celtic: The Great Gathering

Struileag

Riochdaichte le TV and Not TV

An Oidhche ron Nollaig 7.55f

'S e sgeul eilthicreachd a th' ann an Struileag, a tha gar toirt air turas gu tirean cèin tro dheilbh, ceòl is dannsa. A' togail air freumhan dualchas nan Gàidheal tha Struileag a' taisbeannadh cho bunaiteach 's a tha cànan ann an ceangalan dachaigh, dualchas is eachdraidh teaghlaich.



Struileag

Am Balach McCuidhein

Riochdaichte le Solus Productions

An Oidhche ron Nollaig 8.55f

Prògram a chuireas an cèill cho mòr 's a bha a' bhuaidh aig na freumhaichean Albannach air an dealbhadair aodaich cluìteach Lee Alexander McQueen. Treòraichidh an craoladar Cathy NicDhòmhnaill sinn tro na ceanglaichean Gàidhealach aige agus nì sinn ùmhachd air an obair a rinn a mhàthair a' comharrachadh an ainm MacCuidhein cho fada air ais ri linn nan Seumasach.



Am Balach McCuidhein

Cuirm @ Celtic: Capercaillie

Riochdaichte le Bees Nees Media

An Oidhche ron Nollaig 9.55f

Capercaillie: còmhlan air a bheil meas agus iarraidh mhòr is iad a' comharrachadh nan deich bliadhna fichead aca còmhla. Mas e Talla Rìoghail Ghlaschu an dachaigh spioradail aig Celtic Connections, tha fios gur e Capercaillie còmhlan-ciùil na dachaigh sin. A' tarraing air an stuth as ùire aca agus cuid den cheòl is òrain a tha air an toirt gu mullach nan clàran-ciùil, bidh Capercaillie.



Cuirm @ Celtic: Capercaillie

Blas 2014

Riochdaichte le Bees Nees Media

An Oidhche ron Nollaig 10.40f

Cuirm leis a' chòmhlan Ameireaganach-Èireannach ainmeil, Cherish the Ladies a thadhail air Fèis Blas aig taigh-cluich Cùirt an Aodainn.



Blas 2014

Alleluia!

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

An Oidhche ron Nollaig 11.10f

Iain MacFhionghain le measgachadh de laoidhean Nollaig bho Darren MacIleathain, Ceòlraidi Ghàidhlig Ghlaschu, Màiri NicAonghais agus Seumas Greumach. Tha sgeulachdan pearsanta aig Marion NicAmhlaidh agus Finella Mhoireasdan agus bidh Angela NicEachainn a' leughadh bho Leabhar nan Gnàth-fhacal.



Alleluia!

Là na Nollaig

The BGF (The Big Friendly Giant)

Riochdaichte le Obh! Obh! Productions

Là na Nollaig 5f

Sgeulachd Roald Dahl - Turas-dhànanachd Sophie 's i a' coinneachadh ri fuamhaire a bhios a' cruthachadh bhruidaran. Nuair a thèid Sophie a glacadh le fuamhaire gasta 's e turas-dhànanachd làn bhruidaran a tha roimhpe ach, tha fuamhairean iargalta a nochdas a dh'fheuchas ri bacadh a chur oirre. Ge-tà, tha trioblaid air faire 's fuamhairean iargalta airson clann bheaga ithe agus e an urra rì Sophie stad a chur orra.

Torcuil's Guide to Being a Gael - Pàirt 2

Riochdaichte le The Woven Thread

Là na Nollaig 7.05f

Tha Torcuil MacLaomainn, (ris an do thachair sinn ann an Dà Là san Dàmhair), air faighinn sreach dha fhèin! Thar sia prògraman eibhinn bidh e a' faighneachd na ceist, cò ris a tha Gàidheal an latha an-diugh dha-rìribh coltach. Bidh Torcuil a' beachdachadh air roinnean cudromach de dhualchas na Gàidhlig: cànan, biadh, deoch, ceòl, aimsir agus èideadh, agus na dhòigh inntinneach fhèin a' taisbeanadh Gàidheal gun smal. Thugainn air slighe Ghàidhlig Thorcuil ma thà, le corra rionnag eile, spòrs gu leòr agus òran no dhà cuideachd!



Torcuil's Guide to Being a Gael

Mòd 2014: Na Còisirean

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Là na Nollaig 7.25f

Cothrom coimhead air ais còmhla ri Cathy NicDhòmhnaill air cuid de na còisirean a bhuannaich aig a' Mhòd ann an 2014. Cluinnidh sinn bho na còisirean gu lèir a bha san fharpais airson Sgiath MhicShimidh is Thulaich Bhàrdain agus Cuach Cuimhneachaидh Mairead NicDhonnchaidh. Cuideachd anns a' phrògram seo, an cothrom blasad fhaighinn de gach còisir a ghabh pàirt sna farpaisean airson Sgiath Latharna agus Cuach Cuimhneachaидh an t-Siorram MacMhaighstir Caimbeul.



Mòd 2014: Na Còisirean

Turas Tony: Rèis Beinn Neibheis

Riochdaichte le Solus Productions

Là na Nollaig 9f

Tha an cleasaiche ainmeil Tony Kearney a' cur bhuaithe cofhurtachd obair telebhisein is e ag amas air dùblan pearsanta a bhios deuchainneach dha bhodhaig agus a dhùisgeas cianalas na chridhe. Anns a' phrogram sònraichte seo tha Tony a' siubhal ann an làraich-coise athar nach maireann is e a' ruith suas a' bheinn as àirde san rioghachd ann an Rèis Beinn Neibheis.



Turas Tony: Rèis Beinn Neibheis

Mànran

Riochdaichte le Demus Productions

Là na Nollaig 10f

Tha an còmhlan-ciùil Mànran, air buaidh mhòr a thoirt air saoghal ciùil Gàidhlig. Tha sinn a' leantainn nan gillean air chuairt tro Na Stàitean Aonaichte, A' Ghearmailt, Na h-Eileanan Siar agus ann an sgìrean na h-Alba a' faighinn sealladh air an dòigh beatha air chuairt agus na tha an cois a bhith a' stiùireadh an gnothaichean fhèin is iad a' deasachadh an dàrna clàr.



Mànran

Mànran bho Fèis na Mara

Riochdaichte le Bees Nees Media

Là na Nollaig 11f

Steidhich Gary Innes, Norrie MacLomhair agus Eòghainn MacEanraig an còmhlan Mànran ceithir bliadhna air ais agus, an-diugh, tha Mànran air còmhlan Albannach cho cliùiteach 's a tha dèanamh chlàr is chuairean air feadh an t-saoghal. Bho chuir iad stùr ann an saoghal a chiùil an toiseach, chòrd iad sa bhad ri luchd-leantainn agus cha bheag na duaisean a chaidh a bhuleachadh air na seòid bhon uair sin. Còmhlan air a bheil meas anns gach ceàrnaidh den t-saoghal – gu h-àraidh ann am Malaig far a bheil iad a' cluich dha luchd-leantainn bheothail aig Fèis na Mara.



Mànran bho Fèis na Mara

Dìhaoine 26 Dùblachd

Torcuil's Guide to Being a Gael - Pàirt 3

Riochdaichte le The Woven Thread

Dìhaoine 26 Dùblachd 7.05f

Tha Torcuil MacLaomainn, (ris an do thachair sinn ann an Dà Là san Dàmhair), air faighinn sreath dha fhèin! Thar sia prògraman eòbhinn bidh e a' faighneachd na ceist, cò ris a tha Gàidheal an latha an-diugh dha-rìribh coltach. Bidh Torcuil a' beachdachadh air roinnean cudromach de dhualchas na Gàidhlig: cànan, biadh, deoch, ceòl, aimsir agus èideadh, agus na dhòigh intinnseach fhèin a' taisbeanadh Gàidheal gun smal. Thugainn air slighe Ghàidhlig Thorcuil ma thà, le corra rionnag eile, spòrs gu leòr agus òran no dhà cuideachd!



Torcuil's Guide to Being a Gael

Mòd 2014: Mòd na Cloinne

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Dìhaoine 26 Dùblachd 7.30f

Cothrom coimhead air ais còmhla ri Cathy Nic Dhòmhnaill air cuid dhen òigridh a shoirbhich aig Mòd na Cloinne ann an 2014. Chì sibh taghadh dhe na bhuanach gach là, bho Disathairne gu Dimàirt, nam measg na seinneadairean a choisinn na prìomh dhuaisean airson luchd-ionnsachaidh, Buinn Airgid Cuimhneachain Sheumais Mhic a' Phi, agus an nighean 's an gille a thog Buinn Airgid a' Chomuinn Ghàidhealaich - Catriona NicLleBhàin agus a bràthair, Iain Alasdair MacLleBhàin.



Mòd 2014: Mòd na Cloinne

Duaisean Na Trads MG ALBA 2014 - Na pìosan as fheàrr

Riochdaichte le Bees Nees Media

Là na Nollaig 9f

Taghadh bho oidhche mhòr duaisean Na Trads MG ALBA 2014, à Inbhir Nis. Màiri Anna NicUalraig, Tony Kearney agus Linda NicLeòid air an àrd-ùrlar agus air cùl stèids, a' coinneachadh ris an luchd-ciùil agus iadsan a bhuanach duaisean air an oidhche.



Duaisean Na Trads MG ALBA 2014 - Na pìosan as fheàrr

Disathairne 27 Dùblachd

Soillse: Clann an Fhuachd

Riochdaichte le macTV

Disathairne 27 Dùblachd 9f

Tha luchd-saidheans Frangach, France agus Eric, air tighinn a dh'fhuireach ann an ceàrnaidh iomallach de cheann a Tuath Chanada, an àite as fhuaire dhen phlanaid sa bheil daoine a' fuireach. Tha iad dhà no thrì cilemeatairean bho choimhearsnachd iomallach Inuit, agus tha iad air cur romhpa an dithis nighean aca, aoisean a dhà agus a còig, a thogail san àrainn àlainn is chruaidh seo, gus am faigh iad an cothrom an dòigh-beatha san Artaig fhaireachdainn dhaibh fhèin.

Cuirm Aung San Suu Kyi

Riochdaichte le macTV

Disathairne 27 Dùblachd 11f

Tha luchd-ealain bho gach ceàrnaidh dhen t-saoghal a' cruinneachadh ann am Baile Àtha-Cliath airson tachartas a tha a' comharrachadh Aung San Suu Kyi, a bhuanach duais Sith Nobel, agus a tha na stiùiriche air an Lìog Nàiseanta airson Deamocrasaidh ann am Burma.



Cuirm Aung San Suu Kyi

Diluain 29 Dùblachd

Torcuil's Guide to Being a Gael - Pàirt 4

Riochdaichte le The Woven Thread

Diluain 29 Dùblachd 7.05f

Tha Torcuil MacLaomainn, (ris an do thachair sinn ann an Dà Là san Dàmhair), air faighinn sreath dha fhèin! Thar sia prògraman eòbhinn bidh e a' faighneachd na ceist, cò ris a tha Gàidheal an latha an-diugh dha-rìribh coltach.



Torcuil's Guide to Being a Gael

Bannan – Pàirt 1

Riochdaichte le Young Films

Diluain 29 Dùblachd 7.55f

Tha Bannan ag innse na sgeòil aig Màiri NicDhòmhnaill agus i air tilleadh gu eilean a h-àraich, eilean a dh'fhàg i bho chionn ochd bliadhna, 's i a' cur cùl ri a teaghlaich agus an t-àite, na cleachdaidhean agus mùchadh na coimhleasachd. Ge-tà, tha na 'bannan' làidir ga cumail air an eilean nas fhaide na bha i an dùil.



Bannan

Dilleachdan Gemma – Pàirt 1

Riochdaichte le macTV

Diluain 29 Dùblachd 8.25f

Aig aois dìreach 17 rinn Gemma Steele à Uibhist a Deas suas a h-inntinn gun robh i airson dilleachdann ann an Kenya a chuideachadh. Taobh a-staigh sia miosan ge-tà bha cunnart ann gu feumadh a' chlann an taigh-cùraim fhàgail ri linn cion airgid. Thàinig Gemma gu co-dhùnadhl ann an 2008 a dh'atharraicheadh slige a beatha - chuir i air dòigh iomairt carthannais ùr - St Jerome's - son taigh-dhilleachdan ùr a thogail. San t-sreath seo de thrì prògraman, gheibh sinn sealladh togarrach mun bhoireannach òg, treun is deanadach, Gemma Steele.



Dilleachdan Gemma

An Dotair Mòr

Riochdaichte le UistFilm

Diluain 29 Dùblachd 10f

Fad còrr is 40 bliadhna, bha slàinte sluagh Uibhist a Tuath fo chùram an Dotair Ailig MacLeod. Rannsachaichd am prògram seo mar a choimhead e às dèidh sluagh trì mìle sgapte eadar 16 eilean, le gainnead rathaidean agus gun fòn. Cluinnidh sinn cuideachd mar a shoirbhich leis gus seirbheis ambaileans-adhair a stèidheachadh.



An Dotair Mòr

Dimàirt 30 Dùblachd

Torcuil's Guide to Being a Gael – Pàirt 5

Riochdaichte le The Woven Thread

Dimàirt 30 Dùblachd 7.05f

Tha Torcuil MacLaomainn, (ris an do thachair sinn ann an Dà Là san Dàmhair), air faighinn sreath dha fhèin! Thar sia prògraman èibhinn bidh e a' faighneachd na ceist, cò ris a tha Gàidheal an latha an-diugh dha-rìribh coltach. Bidh Torcuil a' beachdachadh air roinnean cudromach de dhualchas na Gàidhlig: cànan, biadh, deoch, ceòl, aimsir agus èideadh, agus na dhòigh inntinneach fhèin a' taisbeanadh Gàidheal gun smal. Thugainn air slighe Ghàidhlig Thorcuil ma thà, le corra rionnag eile, spòrs gu leòr agus òran no dhà cuideachd!

Bannan – Pàirt 2

Riochdaichte le Young Films

Dimàirt 30 Dùblachd 7.55f

Tha Bannan ag innse na sgeòil aig Màiri NicDhòmhnaill agus i air tilleadh gu eilean a h-àraich, eilean a dh'fhàg i bho chionn ochd bliadhna, 's i a' cur cùl ri a teaghlaich agus an t-àite, na cleachdaidhean agus mùchadh na coimhearsnachd. Ge-tà, tha na 'bannan' làidir ga cumail air an eilean nas fhaide na bha i an dùil.

Splaoid nan Ciobair

Riochdaichte le Mast-Àrd

Dimàirt 30 Dùblachd 9f

Tha aon bhuidheann à Leòdhas agus Na Hearadh air tursan bus sònraichte a chur air dòigh o chionn beagan bhliadhnaichean gu tachartas a tha a' comharrachadh samhla a tha cho Albannach ris an ola, no fiù 's an t-uisge beatha... a' chaora!



Bannan

Dilleachdan Gemma – Pàirt 2

Riochdaichte le macTV

Dimàirt 30 Dùblachd 8.30f

Aig aois dìreach 17 rinn Gemma Steele à Uibhist a Deas suas a h-inntinn gun robh i airson dilleachdain ann an Kenya a chuideachadh. Taobh a-staigh sia miosan ge-tà bha cunnart ann gu feumadh a' chlann an taigh-cùraim fhàgail ri linn cion airgid. Thàinig Gemma gu co-dhùnadhan an 2008 a dh'atharraicheadh slighe a beatha - chuir i air dòigh iomairt carthannais ùr - St Jerome's - son taigh-dhilleachdan ùr a thogail. San t-sreath seo de thriù prògraman, gheibh sinn sealladh togarrach mun bhoireannach òg, treun is deanadach, Gemma Steele.



Dilleachdan Gemma

Freeview 8



Virgin Media 188



Sky 143



Freesat 110



bbc.co.uk/iplayer

Oidhche Challainn

Torcuil's Guide to Being a Gael - Pàirt 6

Riochdaichte le The Woven Thread Oidhche Challainn 7.05f

Tha Torcuil MacLaomainn, (ris an do thachair sinn ann an Dà Là san Dàmhair), air faighinn sreath dha fhèin! Thar sia prògraman eòbhinn bidh e a' faighneachd na ceist, cò ris a tha Gàidheal an latha an-diugh dha-rìribh coltach. Bidh Torcuil a' beachdachadh air roinnean cudromach de dhualchas na Gàidhlig: cànan, biadh, deoch, ceòl, aimsir agus èideadh, agus na dhòigh intìnneach fhèin a' taisbeanadh Gàidheal gun smal. Thugainn air slighe Ghàidhlig Thorcuil ma thà, le corra rionnag eile, spòrs gu leòr agus òran no dhà cuideachd!



Torcuil's Guide to Being a Gael

Bannan – Pàirt 3

Riochdaichte le Young Film Oidhche Challainn 7.55f

Tha Bannan ag innse na sgeòil aig Màiri NicDhòmhnaill agus i air tilleadh gu eilean a h-àraich, eilean a dh'fhàg i bho chionn ochd bliadhna, 's i a' cur cùl ri a teaghlaich agus an t-àite, na cleachdaidhean agus mùchadh na coimhleasachd. Ge-tà, tha na 'bannan' làidir ga cumail air an eilean nas fhaide na bha i an dùil.



Bannan

Dilleachdan Gemma – Pàirt 3

Riochdaichte le macTV Oidhche Challainn 8.30f

Aig aois dìreach 17 rinn Gemma Steele à Uibhist a Deas suas a h-inntinn gun robh i airson dilleachdain ann an Kenya a chuideachadh. Taobh a-staigh sia mìosan ge-tà bha cunnart ann gu feumadh a' chlann an taigh-cùraim fhàgail ri linn cion airgid. Thàinig Gemma gu co-dhùnadh ann an 2008 a dh'atharraicheadh slighe a beatha - chuir i air dòigh iomairt carthannais ùr - St Jerome's - son taigh-dhilleachdan ùr a thogail. San t-sreath seo de thrì prògraman, gheibh sinn sealladh togarrach mun. bhoireannach òg, treun is deanadach, Gemma Steele.



Dilleachdan Gemma

Balaich na h-Àirde

Riochdaichte le Sorbier Productions

Oidhche Challainn 9f

Tha spèis aig mòran air teaghlaich Mhic a' Ghobhainn, 's iad uile air soirbheachadh nan dreuchdan fhèin. Tha am prògram seo a' toirt sealladh air mar a bha na sgilean sònraichte aig "Balaich na h-Àirde" air am brosnachadh, bhon cuid fhreumhan ann an Nis.



Balaich na h-Àirde

Cuirm @ Celtic: Julie Fowlis

Riochdaichte le Bees Nees Media

Oidhche Challainn 10f

Deagh thaghadh de dh'òrain agus de phuirt bhon chuirme-chiùil aig Julie Fowlis aig ionad an t-Seann Fruitmarket, Celtic Connections. 2014. Cuideachd, Julie a' còmhradh ri Linda NicLeòid agus i ag innse mar a chruthaich iad an clàr 'Gach Sgeul'.



Cuirm @ Celtic: Julie Fowlis

Ceòl Dannsa

Riochdaichte le Bees Nees Media

Oidhche Challainn 10.30f

Oidhche de cheòl is dannsa bho chuid den luchd-ciùil as fheàrr ann an Alba. Chaidh seo a chlàradh aig an t-Seann Fruitmarket, Glaschu, aig àm Celtic Connections. Chaidh an tachartas a chuir air bhonn fo stiùir Chris Stout is Alasdair MacCuish.

Cèilidh na Bliadhna' Ùire

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Oidhche Challainn 11.30f

Thigibh chun a' chèilidh ann an Talla Bhaile Chill Mhàilidh ann an Loch Abar le aoighean sònraichte, còl agus craic gu leòr ann an cuideachd Chathy NicDhòmhnaill agus Khirsteen NicDhòmhnaill.



Ceilidh na Bliadhna' Ùire

Là na Bliadhna' Ùire

**Hebridean Celtic Festival:
Open Day Rotation**

Riochdaichte le Sorbier Productions

Là na Bliadhna' Ùire 8.30f

Taghadh ciùil bhon t-seinneadair Willie Campbell is Open Day Rotation air a' Phriomh Àrd Ùrlar aig HebCelt 2014.

Tartan Pride

Riochdaichte le purpleTV

Là na Bliadhna' Ùire 9f

Ann an 1872 chluich Alba agus Sasainn a' chiad gheam ball-coise eadar-nàiseanta air an t-saoghal, a' cruthachadh sgeulachd aig a bheil buaidh chun latha an-diugh a thaobh faireachdainn, cultar agus eachdraidh an lùib sluagh na h-Alba.



Tartan Pride

Dihaoine 2 Faoilleach

Brian Wilson

Riochdaichte le Bees Nees Media

Dihaoine 2 Faoilleach 9f

Prògram aithris air Brian MacUilleam, sgrìobhaiche, neach-gnothaich agus neach-poilitigs.



Brian Wilson

Là na Sàbaid 4 Faoilleach

Alleluia!

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Là na Sàbaid 4 Faoilleach 7.30f

Iain MacFhionghain le measgachadh de laoidhean, sailm agus sgeulachdan pearsanta mu chreideamh. Bidh Ceòlraidh Ghàidhlig Ghlaschu a' gabhail Salm 126, bidh Darren MacIallEathain a' seinn Faigh Flùraichean Bòidheach agus bidh An t-Urr. Iain MacAsgail ag innse mun bhuaidh a th' air a bhith aig creideamh air a bheatha fhèin. Agus bidh Angela NicEachainn a' leughadh bho Leabhar nan Gnàth-fhacal.



Alleluia!

Ri thighinn san Faoilleach air BBC ALBA...

Trusadh: An Galar Diomhair

Riochdaichte le macTV

Diluain 5 Faoilleach 10f

Na sgeulachdan drùidteach, feartail acasan air a bheil
tinneas Crohn's - sean is òg, nam measg boireannach
òg a tha an dòchas dol tro leigheas ùr le bhith
a' cleachdadadh ath-chur cealla stem hematopoietic,
leasachadh a tha a' toirt dòchas do chuid.

Port

Riochdaichte le Bees Nees Media
ann an co-bhann le TG4

Diluain 5 Faoilleach 10f

Sreath ùr le Julie Fowlis is Muireann NicAmhlaobh,
's iad air slighe rannsachaidh mu na freumhan aca fhèin.
Tha iad a' tadhail air baile Ghlaschu airson barrachd
ionnsachadh mu cheòl traidiseanta anns a' bhaile. Nì Port
taisbeanadh air na ceanglaichean dualchais a tha eadar
an dithis aca agus cluinnidh sinn bho chuid de na
caraidean ceòlmhor a tha a' fuireach ann an Glaschu.
Còmhla ri Muireann tha dithis à Èirinn; an sàr sheinneedair
Élis Ní Cheannabhain agus cluicheadair bogsa cho math
's a th' ann, Edel Fox. Gheibh iad a-mach gu bheil Glaschu
làn tàlant agus tha an ceathrar a' coinneachadh ri Karen
NicMhathain, Linda NicLeòid, Ceitlin L.R. Nic a' Ghobhainn
agus maighstir a' bhogsa-ciùil, Simon Thoumire.



Port

Farpaisean Chon-chaorach

Riochdaichte le mneTV

Dimàirt 6 Faoilleach 9f

Tha na coin air ais! Tha Catriona Nic a' Phi agus
Domhnall MacSuain a' toirt seachad cunntas air
a' chiad latha de thachartasan aig Farpaisean
Chon-Chaorach Nàiseanta na h-Alba.



Farpaisean Chon-chaorach

Trusadh: Cearaidh tro Bliadhna

Riochdaichte le macTV

Diciadain 7 Faoilleach 8.30f

B' e 2014 a' bhliadhna a bu riataine a-riamh dha Kerrie Finlay aois 32. Tha Kerrie am measg an 100,000 neach am Breatainn air a bheil an tinneas Crohn's. An-uiridh thug leigheas ùr a tha a' cleachdadh ath-chur cealla stem Hematopoietic dòchas às ùr dhi. Seo an sgeulachd dhrùidh teach, fheartail aig a' bhoireannach òg mhisneachail seo agus a slighe chruaidh tro bhliadhna shònraichte.



Trusadh: Cearaidh tro Bliadhna

So Here I Am: 100 Years of Crofting

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Diciadain 7 Faoilleach 9f

Chaidh am prògram So Here I Am: 100 Years of Crofting a chraoladh an toiseach air BBC1 ann an 1982. Thug an sgriobhadair, Seumas Mac an t-Sealgair sùil gheur air suidheachadh croitearachd ann an Alba ceud bliadhna às dèidh strì aimhreiteach croitearan a' Bhràigh san Eilean Sgitheanach gus sealbh fhaighinn air an fhearann aca fhèin. Ged nach deach leotha, dh'adhbharaich an aimhreit mion-sgrùdadh air suidheachadh nan croitearan san fharsaingeachd agus ann an 1886, dhaingnich Achd nan Croitearan còirichean fearainn nan croitearan ann an lagh. Ceud bliadhna às dèidh strì a' Bhràigh, chuir So Here I Am an cèill na h-oidhirpean gus teàrainteachd fearainn a dhaingneachadh do chroitearan: na h-aimhreitean às dèidh a' chiad chogaidh, Coimisean Mhic an Tàilleir anns na 1950an agus Achd nan Croitearan ann an 1976 a leig le croitearan am fearann fhèin a cheannach.

Bonn Còmhraidh

Riochdaichte le BBC Gàidhlig

Diardaoin 8 Faoilleach 8.30f

Tha Dòmhnull Moireasdan a' toirt sùil air mar a bha na meadhanan a' nochdadadh anns an t-sreath seo a chaidh a chraoladh an toiseach sna 1970an. Tha Màrtainn Dòmhnullach ann an Uibhist ag aithris air buaidh an airm air a' choimhearsnachd, tha Ruairidh Iain MacLeòid ann an Ratharsaigh ag aithris air sgainneal Dr Green, bha Am Pàipear Beag a' comharrachadh còig bliadhna agus aithris à Muile mu thurasachd san sgìre.



Bonn Còmhraidh

Air an Rathad

Riochdaichte le Eyeline Media

Diardaoin 8 Faoilleach 10f

Tha Linda, Donnie agus Murray air ais far an còir dhaibh a bhith, air cùl na cuibhle. Bidh iad a' toirt am beachd air na càraichean as ùire air a' mhargaidh, a' gabhail pàirt ann an ralaidean club chàraichean agus a' lìrigeadh seann charbadan mun cuairt air Raon-rèisidh. Tha Air an Rathad air ais le sreath ùr!



Air an Rathad

Spòrs air BBC ALBA

Ball-coise Priomh Liog na h-Alba

Hamilton Accies v Dundee	Disathairne 13 Dùblachd	11f
Dundee Utd v Aberdeen	Là na Sàbaid 14 Dùblachd	10f
St. Johnstone v Inverness CT	Disathairne 20 Dùblachd	10f
St. Mirren v Motherwell	Là na Sàbaid 21 Dùblachd	10f
St. Johnstone v Dundee Utd	Disathairne 27 Dùblachd	10f
Kilmarnock v Hamilton Accies	Là na Sàbaid 28 Dùblachd	10f
Hamilton Accies v Motherwell	Là na Bliadhna Ùire	10f
St. Mirren v Kilmarnock	Dihaoine 2 Faoilleach	10f
St. Johnstone v Hamilton Accies	Là na Sàbaid 4 Faoilleach	11f


Ball-coise SPFL

Dumbarton v Falkirk	Disathairne 20 Dùblachd	BEÒ 7.2f
Falkirk v Raith Rovers	Disathairne 27 Dùblachd	BEÒ 5.25f

Rugbaidh PRO12

Edinburgh v Treviso	Dihaoine 19 Dùblachd	BEÒ 7.25f
Munster v Leinster	Dihaoine 26 Dùblachd	BEÒ 5f





Fiosrachadh mu phrògraman Na Nollaig 2014



Freeview 8 ★ Virgin Media 188 ★ Sky 143 ★ Freesat 110 ★ bbc.co.uk/iplayer